

Throg an t'aingeal e na lamhan,  
 'S sheol e stigh do'n charbad mhor  
 Phaisg e sgiathan, 's sheol an carbad  
 Air ais a ris do rioghachd na gloir.  
 Nuair a dh'fhalbh thu dh'fhalbh an t'ionrac,  
 Dh'fhalbh a firean air a robh mor dheigh ;  
 Nach do dh'fhas a leithid no dheigh.  
 Dh'fhalbh gu deimhin an deadh oglach  
 Bha a sluagh ri gul 's caoneadh,  
 Oir dhoibh gu leir bha e dlu a'n daimh,  
 'S iad gu leir a cur ris a seula,  
 Gu'm b'e Domhnall a thug beatha dhoibh.  
 Oh ! am b'ioghnadh ge'd bhidh iad bronach,  
 'S ceannard treun 'ad a thoirt uap',  
 Oir bha iad fiosrach nach faighaidh iadsan  
 Leithid Dhomhnall re' fad an cuart.  
 'S iomadh suil a bha bras a silleadh ;  
 'S iomadh ceann a bha ional crom ;  
 'S iomadh gruaidh ann sa robh ruthadh caonaidh ;  
 'S iomadh intinn bha duthach trom.  
 Mhotharich iadsan gu trom a bhuilla—  
 Mhothaich iadsan gun dh'fhalbh fear-iuil,  
 Nach urrainn dhoibh a leithid tuille fhaotinn :  
 Se sid thug deuraibh o iomadh suil.  
 Nuair a dh'fhalbh thu, thuit ceannard gaisgeach,  
 'S uachdaran mor, ann a'n Israeil ;  
 Oh ! cha b'ioghnadh ge'd be latha n'airc e:  
 Bha gair an t'sluaigneach a cur sin an ceil.  
 Bha iad a g'iundrain d'fhailte chairdeal ;  
 Bha iad g'iundrain do ghaol robh bhla ;  
 Bha iad a g'iundrain suaim na trom-paide  
 B'abhaist dhoibh bhi cluinntiinn air gach la ;  
 Bha iad a g'iundrain na laimhaidh fhialaidh,  
 Thug iomadh uair dhoibh a sath do'n bhiadh  
 Bha taitneach, blasda, 's air nach robh gainne,  
 'Sa chuir aoibhneas 's gras nan cliabh ;  
 Bha iad a g'iundrain a leigheach ghrasmhor,  
 A thug dhoibh slainte o gach tianes cruaidh,  
 A ghlan air falbh dhiu gach galar gnada,  
 'S seorsa eucal a ghabhais luaidh.  
 O ! dh'fhalbh thu Dhomhnall, 's tha thu 'sa'n airde,